

## Bòrd na Gàidhlig

### Geàrr-chunntas de Choinneamh Shònraichte a' Bhùird air a' fòn Caerlaverock, Taigh a' Ghlinne Mhòir, Inbhir Nis

Diciadain 09/08/2017 at 16.00

<b>Buill: (air a' fòn)</b>			
Ailean Dòmhnallach (Cathraiche)	(AD)	<b>A' Frithealadh:</b> Shona NicIllinnein (Ceannard)	(SNI)
Ailean Caimbeul	(AC)	Mona Wilson	(MW)
Dòmhnall MacLeòid	(DML)	Carol Niclaine (Geàrr-chunntas)	
Fiona Dunn	(FD)		
Jennifer Gilmour	(JG)		
Seumas Whannel	(SW)		
Johan Nic a' Ghobhainn	(JNG)		
Joy Dunlop	(JD)		
<b>CÙISEAN TÒISEACHAIDH</b>			
<b>1)</b>	<b>Fàilte &amp; Leisgeulan</b>		
	Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh. Chaidh leisgeulan a chlàradh airson Màiri Anna NicUalraig, Màiri NicAonghais agus Dòmhnall MacSuain. Ge-tà, dh'iarr Mgr MacSuain gun deigheadh a chlàradh gun robh e a' cur aonta ris na molaidhean sna pàipearan a chaidh a sgaoileadh.		
	<b>A' Nochdadh Chom-pàirtean</b>		
	Cha deach com-pàirtean a chlàradh.		
<b>2)</b>	<b>Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear</b>		
	<p>Às dèidh dhuinn comhairle laghail fhaotainn a thaobh Tagradh a fhuair Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear (CSRFE) o chionn ghoirid gus Ciad Mheasadh a dhèanamh air an iarrtas a th' ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig, dh'iarr an Cathraiche a' choinneamh seo a chur air dòigh gus innse do na Buill mu na roghainnean a bh' aig a' Bhòrd Stiùiridh agus gus aontachadh dè na roghainnean a bhathar a' dol a ghabhail.</p> <p>Thug an Cathraiche agus an Ceannard geàrr-iomradh air na roghainnean sin: (1) nithear gach oidhirp tro chòmhradh le Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear (CSFRE) gus fuasgladh fhaighinn air a' chùis; (2) thèid iarrtas a chur gu Cùirt an t-Seisein airson ath-bhreithneachadh laghail a dhèanamh (a rèir na comhairle laghail a fhuaras bho Anderson Strathearn LLP) air a' chodhùnadh a rinn CSRFE air 19 Cèitean 2017 gun mheasadh iomlan a dhèanamh a thaobh an tagraidh airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig, a chaidh a chur thuca fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016; (3) nan soirbhicheadh leis an iarrtas airson ath-bhreithneachadh laghail, dheigheadh pàipear fa leth a chur air beulaibh a' Bhùird airson aontachadh an robh iad ag iarraidh cumail orra leis na ceumannan laghail no slighe eile a ghabhail.</p> <p>Às dèidh dhaibh deasbad agus beachdachadh air na molaidhean, dh'aontaich na Buill gu h-aona-ghuthach gus gabhail ris na molaidhean a bha sa pàipear a chaidh a sgaoileadh, agus ri moladh eile gun cumadh oifigearan orra a' bruidhinn ri ar Roinn Maoinachaidh a thaobh mar a ghabhadh Gearan fo Earrainn 70 a chur a-steach math dh'fhaodte mura soirbhicheadh leis an ath-thagradh bhon phàrant.</p>		

-----  
**Ailean Dòmhnallach (Cathraiche)**

-----  
**Ceann-latha**

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Geàrr-chunntas de Cho-dhùnadh Sònraichte a rinn am Bòrd Stiùiridh**  
**tro phost-d**  
**Diciadain 16/08/2017 aig 16.00**

<b>Buill:</b>		<b>Oifigearan:</b>	
Ailean Dòmhnallach (Cathraiche)	(AD)	Shona NicIllinnein (Ceannard)	(SNI)
Ailean Caimbeul	(AC)	Mona Wilson	(MW)
Dòmhnall MacLeòid	(DML)		
Dòmhnall MacSuain	(DMS)		
Fiona Dunn	(FD)		
Jennifer Gilmour	(JG)		
Seumas Whannel	(SW)		
Johan Nic a' Ghobhainn	(JNG)		
Joy Dunlop	(JD)		
Màiri NicAonghais	(MNA)		
Màiri Anna NicUalraig	(MAK)		

**2) Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear (CSRFE)**

Às dèidh na coinneimh o chionn ghoirid eadar oifigearan bho Roinn Foghlaim CSRFE agus an Ceannard, SNI, agus SW, Cathraiche Comataidh an Fhoghlaim, dh'aontaich na Buill leigeil leis an ath-thagrachd a dhol air adhart an àite a bhith a' cur nan ceumannaan a chaidh aontachadh roimhe sin an sàs. Chaidh aontachadh gun dèanar barrachd conaltraidh ri CSRFE gus an robh an ùine airson beachdachadh air a' chùis seachad, agus gun deigheadh barrachd conaltraidh a dhèanamh le pàrantan tro Chomann nam Pàrant.

Bha na Buill riarachtaichte leis na freagairtean a thug an Ceannard seachad do na ceistean aca. Dh'aontaich na Buill gu h-aona-ghuthach an uair sin gus leantainn air adhart mar a bhathar a' moladh, agus dheigheadh tuilleadh fiosrachaidh a thoirt do na Buill mun adhartas leis an ath-thagrachd aig na pàrantan aig an ath choinneimh den Bhòrd san Dàmhair.

-----  
**Ailean Dòmhnallach (Cathraiche)**

-----  
**Ceann-latha**

**Eàrr-ràdh 1 - Gnìomhan**

**Coinneamh a' Bhùird 09&16/08/2017**

Puing	Gnìomh	An urra ri
<b>2 (9/8)</b>	Cuir iarrtas a-steach airson ath-bhreithneachadh laghail	SNI
<b>2 (16/8)</b>	Às dèidh coinneamh le CSRFE chaidh co-dhùnadh a dhèanamh leigeil leis an ath-thagrachd bho phàrantan a dhol air adhart an àite ath-bhreithneachadh laghail.	SNI

-----  
**Ceann nan Seirbheisean Corporra**

**Ceann-latha**

**Eàrr-ràdh 2 Làthaireachd aig Coinneamh a' Bhùird 09&16/08/2017**

Buill	09/08	16/09
Ailean Dòmhnallach	V	V
Ailean Caimbeul	V	V
Dòmhnall MacLeòid	V	V
Dòmhnall MacSuain	x	V
Fiona Dunn	V	V
Jennifer Gilmour	V	V
Seumas Whannel	V	V
Johan Nic a' Ghobhainn	V	V
Joy Dunlop	V	V
Màiri NicAonghais	x	V
Màiri Anna NicUalraig	x	V
<b>Sgioba Stiùiridh</b>		V
Shona NicIllinnein (Ceannard)	V	V
Mona Wilson	V	V

